Blair 444.

BLIADHNA EILE FHATHAST.

"A Thighearna, leig leis air a' bhliadhna so mar an ceudna."
Lucas xiii. 8.

Ri linn ministreileachd Chriosd air an talamh, b'e a chleachdadh, gu minic, a bhi 'teagasg a luchd-éisdeachd, le samhlaidhean, agus le cosamhlachdaibh; bha 'n dòigh so freagarrach chum an aigneadh a ghluasad, agus na nithe a bha air an teagasg dhoibh a sparradh gu dlùth air an inntinnibh, air chor a's nach di-chuimhnicheadh siad iad an gradaig. Air an àm so bha e 'cur fa'n comhair meud nan sochairean a bha iad a' sealbhachadh, agus an cunntas a bha aca r'a thoirt do Dhia air son an fheum a dheanadh iad de na sochairean sin, fo chosamhlachd croinn-fige. Cha robh an crann-fige so a' cinntinn fiadhaich, am measg chlach, agus chreag, anns an fhasach, far nach biodh e cosmhail dha toradh iomchar,—ach bha e air a shuidheachadh ann an gàradh fiona, a bha air a dheadh àiteachadh, gàradair 'g a choimhead, agus ag uisgeachadh nan craobh; chum as gu'n giulaineadh iad toradh, aig an àm shuidhichte.

Aig an àm sin tha am maighistir a' teachd a dh' amharc thairis air a' ghàradh fhiona, an dòchas gu' m bheil na geugan air lùbadh chum an làir le toradh, ach do thaobh a chroinn-fhige so, tha e air a mhealladh 'n a dhòchas, cha' n eil e a' giulan "ach duilleach a mhàin." Tha e 'teachd bliadhna an deigh bliadhna, agus ged a tha an crann-fige so air a leasachadh, agus a' faotainn deadh ghiullachd, cha n'eil e a' giulan toraidh air son a shaoithreach dha. Air dha bhi cho minic aìr a mhealladh 'n a dhùil, am bheil iongantas ged a tha e ag éigheach le doilgheas mu thimchioll, "gearr sios e; c'ar son a tha e 'fàsachadh na talmhainn?"

Gidheadh, fathast, tha 'n gàradair toileach gu'm biodh deuchainn eile air a toirt da; tha e a' deanamh eadar-ghuidhe ris a' mhaighistir air a shon, ag radh, "A Thighearna, leig leis air a' bhliadhna so mar an ceudna. Tha e air son a dheuchainn ni 's faide fathast—a chùram a mheudachadh, agus gun saothair, no costus, a chaomh-nadh air, a chum a dheanamh torrach—cha dùraig e a thoirt thairis gu tur le eu-dochas fathast; ach an déigh sin uile, ma bhuanaicheas e gun toradh, an sin, tha e ri bhi air a ghearradh sios, agus air a thilgeadh s an teine.

Am bheil an teagasg a bha'n Tighearn a' cur an céill leis a' chosamhlachd so freagarrach do staid nan Iudhach a mhàin? Nach eil ni air bith fillte ann o 'm feud thusa, a leughadair, leasan feumail fhòghlum? Ceadaich dhomh t'aire a ghairm gu bhi 'beachdachadh, gu foighidneach, air na nithe a leanas, agus theagamh gu'm faic thu gu'm freagair an teagasg dhuit-sa mar an ceudna. Ciod an t-àm a's freagarraiche chum smuaineachadh air staid t'anama, agus air siorruidheachd, na toiseach bliadhna eile de d' thurus goirid troimh an t-saoghal. Air an aobhar sin na cuir an leabhran so as do làimh gus an saoil thu gu'm bi

àm ni 's iomchuidh agad air son a leughadh—theagamh nach tig am t-àm sin am feasd. Cha 'n 'eil fhios agad nach bi thu am màireach anns an t-siorruidheachd! Tha'n earann a dh' ainmich mi a' cur an céill reusanachaidh chaoimhneil, agus eadar-ghuidhe, "A Thighearna, leig leis air a' bhliadhna so mar an ceudna." Theagamh gu'm bheil caraid dìleas do t'anam-sa, an tràs, a' guidhe ri Dia as do leth, leis na briathraibh ceudna, ag ràdh ris an Tighearn, "Caomhain e beagan ni's faide; na gèarr sios e ann am meadhon 'aingidheachd — theagamh mu 'n criochnaich bliadhna eile, gu'm pill e o sheacharan a shlighe, agus gu'm mair e beò."

A leughadair, fuiling do charaid focal earail a thoirt duit, ann an ainm, agus as leth, an Ti sin air an d' rinn thu dìmeas gu ruig an t-àm so, le bhi 'cur cùl ris an t-slàinte a tha e 'tairgseadh dhuit trid Chriosd. Fada mu 'n tig crìoch na bliadhna a ta lathair, feudaidh sinn araon a bhi anns an t-siorruidheachd, far nach cluinn sinn teagasgan an t-soisgeil gu bràth, agus far am bi againn ri cunntas a thoirt do 'n Tighearn air son gach ni a rinn sinn 's an t-saoghal. Is cudthromach an smuain so! mu'n tig crioch eadhon air a' bhliadhna a ta làthair, feudaidh ar cor a bhi air a shuidheachadh air dhòigh nach gabh atharrachadh am feasd! Ach cha 'n' eil do bhinn air a toirt a mach fathasd, a leughadair; air an aobhar sin, bheir mi oidhirp, le còmhnadh an Tighearna, air do threorachadh gu bhi 'beachdachadh air a' chuid a chaidh seachad de d' bheatha, agus mar an ceudna air an àm ri teachd.

Amhairc air a' chuid a chaidh seachad de d 'bheatha! Nach iomadh sochair a shealbhaich thu! An t-sàbaid a' teachd mu 'n cuairt o sheachduin gu seachduin, chum do ghairm gu beachd-smuaineachadh—tigh Dhé air là na féille naoimh sin, le dorsan fosgailte, a' toirt cuiridh dhuit

dol a steach—leabhar Dhé agad ann ad chànain féin, a' leigeadh ris dhuit slighe na slàinte, "ann am briathraibh cho soilleir a's gu 'm feud an ti a ruitheas a leughadh, agus an ti a leughas a thuigsinn"—tobraichean na slàinte fosgailte, agus Criosd e féin ag ràdh, "Ma tha tart air neach sam bith, thigeadh e a m' ionnsuidh-sa, agus òladh e." Eoin vii. 37.—agus mar an ceudna ministearan an t-soisgeil, càirdean, agus leabhraichean diadhaidh a' cur iompaidh ort teicheadh o'n fheirg a ta ri teachd; an t-iomlan 'g ad ghairm gu bhi 'sealltuinn ri "Uan De, a ta 'toirt air falbh peacaidh an t-saoghail." Tha Dia 'toirt rabhadh dhuit, air caochladh dhòighean, ann an cùrsa a fhreasdail, le euslaint ann ad phearsa, no ann ad theaghlach, no am measg do chàirdean;—le bàs am measg do choimhearsnach, no do chàirdean, no do luchd-eolais;—le call do mhaoin, no lughdachadh do theachd-an-tìr;—agus mar sin, a' leigeadh ris dhuit cho neo-sheasmhach 's a tha gach sealbh shaoghalta, cho diomhain 's a tha bhi a' cur earbsa ann an gàirdean feola, agus cho feumail 's a tha e dhuit amharc air son sìth ri Dia, ni a bheir dhuit gàirdeachas nach urrainn an saoghal a thoirt duit, no chumail uait.

Ceadaich dhomh a nis fheoraich dhiot, ciod am feum a rinn thu de gach sochair, agus rabhadh a fhuair thu? C'àit *a nis* am bheil an dearbhadh air nach robh gach meadhon dhiubh sin air a ghnàthachadh ann an diomhain? Nach robh Criosd a' labhairt, agus nach robh thusa 'diultadh éisdeachd? Nach robh e a' sìneadh a mach a ghàirdein chum do thèarnadh, agus cha ghabhadh tu ri a thairgse? Agus nach robh gach tròcair agus rabhadh a thug e dhuit chum do dhusgadh á cadal a' mhi-churaim, air an cur ann an neo-shuim leat? A leughadair gun chùram, cluinn ciod a tha an Tighearn ag ràdh riut, "Teich air son

t-'anama; na seall a' d' dhéigh, agus na stad 's a' chòmhnard uile; teich do'n t-sliabh, air eagal gu millear thu." Gen. xix. 17.—Nach iomadh uair a fhuair thu an earail so, agus gidheadh bha thu "mar neach a luidheas sìos ann am meadhon na fairge, no mar esan a luidheas air bàrr croinn-siuil, Bhuail iad mi, their thu, agus cha robh mi tinn, ghabh iad orm, agus cha do mhothaich mi." Gnath. xxiii. 34.—Bha thu, mo thruaighe, gun mhothachadh air do chiont agus air do thruaighe! Ciod mar a bhiodh do chor nan rachadh a bhinn so a thoirt a mach ann ad aghaidh, air a' bhliadhna a chaidh seachad, "Gèarr sios e, c'ar son a ta e 'fàsachadh na talmhainn?" Nan glacadh "Righ nan uamhas" thu, ann an staid peacaidh agus truaighe, gun mhothachadh, agus gun chùram, *c' àit a nis am biodh do chor?* C' àit ach a' togail suas do shuilean ann an Ifrinn, "air do ro-phianadh anns an lasair sin?" Lucas xvi. 23.

Ach gu bhi 'labhairt ni 's dluithe ri d' choguis. An robh thu a' cleachdadh, air a' bhliadhna a dh' fhalbh, a bhi 'cur suas urnuigh dhiomhair, agus dhùrachdaich, air son tròcair? An robh thu ag urnuigh mar a bha Daibhidh, 'n uair a thuirt e, "Cruthaich annam cridhe glan, a Dhé; agus ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhiom?" Salm. li. 10. An robh thu dùrachdach ag iarraidh fàbhair Dhé, anns am bheil beatha, agus a chaoimhneas gràdhach a tha ni 's fearr na beatha? An robh thu riamh ag amharc Air-san a tha air a chur an céill, anns a' Bhiobull, mar an iobairt-reitich air son peacaidh, mar aon mhac gràidh Dhé, a thug e féin thairis gu bhi air 'iobradh, air a' chrann-cheusaidh, ann an àite nan ciontach, "chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha mhaireannach aige?" Eoin iii. 15. An do chuir thu riamh suas aon urnuigh dhùrachdach ri Dia air son ga

maitheadh e do pheacaidhean, agus gu naomhaicheadh e t'anam? Agus nach iongantach nach 'eil foighidinn an Dé bheannaichte air a sgìtheachadh, le d' mhi-churam, agus 'fhearg air a brosnachadh, le t' aingidheachd, gu bhi ag ràdh; "Gearr sios e, c'ar son a ta e 'fasachadh na talmhainn? Ach O nach iongantach 'fhoighidinn, agus 'fhad-fhulangas do d' thaobh? an àite sin, is ann a tha e ag ràdh, "Leig leis—ni mi foighidinn *fathast* ris—feuchaidh mi e beagan ni 's faide—cuiridh mi a rìs an céill da mo ghràdh, agus mo shlàinte, agus theagamh mu'n tig ceann bliadhna eile, gu'm bi e air a tharruing, le còrdaibh mo ghràidh, gu bhi ag ràdh, "Athair, pheacaich mi an aghaidh fhlaitheanais agus a'd' làthair-sa, agus cha 'n airidh mi tuilleadh gu'n goirteadh do mhac-sa dhiom; dean mi mar aon de d' luchd tuarasdail."

Ach tha na briathran o 'm bheil sinn a' labhairt 'g ad threòrachadh gu bhi ag *amharc romhad ris an àm a tha 'teachd.* Ged a tha sluagh an Tighearn ag urnuigh gu'm bìodh tu air do thoirt gu mothachadh air do chionta, agus air do threòrachadh chum fuil a' choimh-cheangail shiorruidh, air son slainte; gidheadh cha'n urrainn neach air bith a ràdh gu'm bi thu tèaruinte, ma bhuanaicheas tu aon mhionaid eile 's an staid anns am bheil thu. Theagamh gu'm bheil cuid do shluagh an Tighearna, an tràs a' guidhe, gu dùrachdach, gu'm biodh tu air do chaomhnadh bliadhna eile, gidheadh gu bheil am breitheamh ag radh, "Gèarr sìos an crann, agus sgath dheth a gheugan," &c. Dan. iv. 14. Ma tha, ni beagan shàbaidean eile crioch a chur air gach cothrom fòghluim a tha agad anns an t-saoghal so—cha' n fhada gus an sguir ministearean an t-soisgeil a thoirt cuirìdh dhuit teachd a dh' ionnsuidh an t-Slanuighir, sguiridh am Biobull, a tha nis air a chomhdach le duslach ann ad

thigh, a thoirt fianuis dhuit air gràdh Dhé do shaoghal caillte, agus ni sgàil' a' bhàis do chòmhdach, agus do thoirt an làthair Chriosd, neach a tha *nis* a' feitheamh gu bhi tròcaireach, ach *an sin* a bhitheas 'n a bhreitheamh cothromach air t'anam!

Chuirinn a rìs an céill duit an sgeul aoibhinn, "Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an soaghal, gu'n d' thug e aon-ghin Mic fèin, chum as ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige." Eoin iii. 16. "Is ann *do 'd ionnsuidh-sa* a chuireadh focal na slàinte so." Uime sin, mar a ta an Spiorad naomh ag radh, an diugh, ma chluinneas tu a ghuth, na cruaidhich do chridhe." Eabh iii. 7. "Ach pill ris an Tighearn, agus nochdaidh e tròcair dhuit; agus ri ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu pailt." Isaiah lv. 7. Cuimhnich, a leughadair, mur 'eil do chridhe air a thaiseachadh le òrduighean an t-soisgeil, gu'm feum e bhi air a chruadhachadh leo. 'N uair a tha am peacach air a ghairm gu bhi 'tréigsinn a dhroch shlighean, chum as gu maireadh e beò, agus nach 'eil e 'toirt géill do'n ghairm sin, tha e a' fàgail a staid féin ni 's eu-dochasaiche na bha i roimhe. Cha'n e amhàin gu bheil là nan gràs a' sìor dhol seachad, agus an ùine luachmhor a fhuair e air a call; ach tha a thuigse a' fàs ni 's doille, a chridhe a' fàs ni's cruaidhe, agus a naimhdeas an aghaidh Dhé a' sior mheudachadh. Cha dean freasdal, cha dean trioblaidean, agus cha dean earailean dùrachdach o fhocal Dé, druigheadh air a' chridhe;—bheir o dùbhlan doibh uile! Ciod tuilleadh a dh'fheudas fear-gleidhidh an fhion-lios a dheanamh ri an leithide sin do chraobhan? Ciod tuilleadh na meadhonan a *'s urrainn* a bhi air an gnàthachadh 'n uair a ta gach ni sòluimte, cumhachdach, agus eagalach; gach ni macanta, caoimhneil, agus gràdhach; air an gnàthachadh an

diomhain? Nach'eil aobhar eagail gur i a' bhinn a bheir Dia an aghaidh an leithide sin, "A chionn gu'n do ghairm mi, agus gu'n do dhiult sibhse, gu'n do shìn mi mach mo làmh, agus nach d'thug duine sam bith an aire, ni mise mar an ceudna gàire ri 'ur sgrios-se, ni mi fanoid 'n uair a thig bhur n-eagal," &c. Gnath. i. 24.

Cha 'n urrainn cànain briathran a chur air cho eagalach 's a tha am peanas a tha 'feitheamh ort, fhad 's a bhuanaicheas tu ann ad staid chruaidh-chridhich, agus neo-aithreachail. Tha focal Dé ag ràdh riut, "No'n dean thu tarcuis air saibhreas a mhaitheis, agus 'fhoighidin, agus 'fhad-fhulangais, gun fhios bhi agad gu bheil maitheas Dé 'g ad threòrachadh chum aithreachais? Ach a réir do chruais agus do chridhe neo-aithreachail, a ta thu 'càrnadh suas feirge dhuit féin fa chomhair là na feirge, agus foillseachaidh ceart bhreitheanais Dé; a bheir do gach aon a réir a ghniomhara." Rom. ii. 4. Air an aobhar sin, tha là ath-dhiolaidh, eadhon, "là dioghaltais ar Dé-ne," a' tarruing am fagus. Bithidh an là sin 'n a aobhar eagail do gach peacach neo-aithreachail. "Thig là an Tighearna mar ghaduiche 's an oidhche; anns an téid na nèamhan thairis le toirm mhòir, agus anns an leagh na duile le dian-theas; agus bithidh an talamh mar an ceudna, agus na h-oibre a tha air, air an losgadh suas." 2 Phead. iii. 10. An sin "foillsichear an Tighearn Iosa o nèamh, maille r'a ainglibh cumhachdach, ann an teine lasarach, a' deanamh dioghaltais air an dream aig nach 'eil eòlas air Dia, agus nach 'eil ùmhal do shoisgeul ar Tighearna Iosa Criosd." 2 Thes. i. 8. "Feuch tha e 'teachd le neulaibh; agus chi gach sùil e, agus iadsan mar an ceudna a lot e; agus ni uile threubha na talmhainn caoidh air a shon-san." Taisb. i. 7. 'N uair a shuidheas e chum breitheanais bithidh "a thrusgan geal mar shneachdadh, agus folt a

chinn mar olainn ghlain; a chaithir-rioghail mar lasan theine, a rothan mar theine-loisgeach; bithidh mile do mhiltibh a' frithealadh dha, agus seasaidh deich mile uair deich mile 'n a fhianuis, suidhichear am breitheanas, agus fosglar na leabhraichean." Dan. vii. 9, 10.

A leughadair, bi'dh *tusa* an sin. Cha dean leith-sgeul sam bith do dhion, no còmhdach sam bith t'fholach o 'n choinneimh eagalaich so? Cha dean na creagan, no na sléibhtean, t'fholach o shùilibh an ti a tha uile-léirsinneach. An sin bi'dh t'uile aingidheachd air a deanamh follaiseach an lathair na cruitheachd. Bi'dh nithe diomhair do chridhe, a shaoil thu a bhi foluichte o gach sùil, air an deanamh aithnichte do 'n t-saoghal. Bithidh an clèoc a bha thu a' giùlan, an làthair do cho-chreutairean, air a thoirt dhiot, agus seasaidh tu rùisgte, ann a' d' chreutair duaichnich, làn ciont', agus nàire, ann an lathair a' Bhreitheimh, a bhios, a réir ceartais, air a lionadh le feirg ann ad aghaidh! A pheacaich thruaigh! ciod an leith-sgeul a bhios agad an sin? An saoil thu, do bhrigh gu bheil Dia tròcaireach, gu'n dean sin do dhion? An saoil thu gu'n dean do dheadh oibre do shaoradh ann an là na feirge? No, an saoil thu gu'n seas gach mile leith-sgeul faoin a tha agad an tràs an dearbhadh, an làthair cathair-breitheanais Chriosd? No, an dean thu earbsa as do shochairean, agus an abair thu, "A Thighearn dh'ith, agus dh'ol mi a' d làthair, agus theagaisg thu 'n ar sraidibh?" Is ann a mheudaicheas na sochairean a bha air am buileachadh ort do dhìteadh, o nach d'rinn thu deadh fheum diubh. Air an aobhar sin their am Breitheamh ri a sheirbhisich, "Air a cheangal duibh eadar chosan agus làmhan, togaibh leibh e, agus tilgibh e anns an dorchadas iomallach: an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal." Mata xxii. 13.

Ceadaich do choigreach comhairle a thoirt ort ann an gràdh do t'anam. C'ar son a ta thu cho suidhichte air thu féin a sgrios C'ar son a ta thu a' cur cùl ri tròcair, 'n uair a tha i air a tairgseadh dhuit? C'ar son a ta thu a' cur dàil ann an teachd chum Chriosd, 'n uair a tha e 'g ad ghairm? C'ar son a ta thu a' suidheachadh àm eile air son sonais, 'n uair a tha 'n dorus chum sonais an tràs fosgailte? Feudaidh tu dàil a chur 's a' chùis gus am bi an dorus air a dhùnadh, agus an sin "iarraidh tu dol a stigh, ach cha'n urrainn thu!"

Ach gu bhi 'comh-dhunadh, ceadaich dhomh, a leughadair, fheoraich dhiot, an robh thu ag amharc ri toiseach bliadhna eile mar àm anns am faigheadh tu do dhiol do fhearas-chuideachd, agus do ruidhteireachd? An dean thu mar sin maitheas, agus tròcairean an Tighearna, a struidheadh gu follaiseach, le geocaireachd, agus le pòitearachd? Ciod an druidheachd a ghlac t'inntinn gu bheil thu toileach do chòir, agus do dhòchas ri neamh, a reic, air son aon là de mhisge? An saoil thu gu'm bi e 'n a lughdachadh air do chionta, an làthair cathair-breitheanais an Dè naoimh d' am bheil thu 'toirt oilbheum, gu'n robh daoine eile air mhisg, air latha Nollaig, cho maith riut-sa, gu' n do "lean thu a mhòr chuideachd a dh' ionnsuidh an uilc?" Ecsod. xxiii. 2. An e sin an dòigh air do thaingealachd a thaisbeanadh air son 'fhad-fhulangais, a chaoimhneis, agus a thròcairean; gu'n tugadh tu dùbhlan d 'a lagh naomh? Nach 'eil e a' cur an céill agus a' dearbhadh 'n a fhocal "nach scalbhaich luchd misg, agus ruidhteireachd, rìoghachd Dhé?" Gal. v. 21. Am bheil thu cho aineolach air lagh naomh Dhé, agus gu 'm bheil thu a' saoilsinn nach misgear thu, ged a ghabhas tu daorach latha nollaig, do bhrigh gu'm bheil am mòr shluagh a' deanamh a ni cheudna? Nach abair

thu mortair ri duine nach d'rinn mort ach aon uair, ré a bheatha? is amhuil a tha focal De ag ràdh misgear riut-sa, ged nach biodh tu air mhisg ach aon uair, ré do bheatha; is leoir sin gu d' dhùnadh a mach á rioghachd nèimh. Tha thu tur aineolach air iarrtais lagha naoimh Dhé, ma tha thu 'saoilsinn gu bheil e a' ceadachadh ruidhteireachd aig àm air bith. Is ann a tha e ag ràdh, "as eugmhais naomhachd cha 'n fhaic neach air bith an Tighearn." Eabh. xii. 14. Tha gach neach a tha 'strì ri bhi 'toirt air lagh an Tighearna comh-chòrdadh ri iarrtuis thruaillidh a nàduir féin, a' dearbhadh gu'm bheil e "beò gun Dia, agus gun Chriosd," agus an lorg sin, gun dòchas ceart fa chomhair siorruidheachd.

Gu'n deanadh Spiorad an Dé bheò, na h-earailean a bha mi ag oidhearpachadh a thoirt dhuit, a cho-chur ri t'inntinn, 's a bheannachadh do t'anam, agus d 'a ainm gu robh glòir, Amen.

SALM XC.

1 *Dh'fhoillsich Maois freasdal Dé do chloinn Israeil.* 9 *Nochd e gu bheil làithean an duine gearr;* 13 *agus ghuidh e gu'n sàsuicheadh Dia a shluagh le 'thròcair.*

Urnuigh le Maois, òglach Dé.

1 A Thighearna, bha thusa a'd' ionad -còmhnuidh dhuinn o linn gu linn.

2 Mun do ghineadh na beanntan, agus mun do dhealbh thu an talamh agus an cruinne-cé, eadhon o bhith-bhuantachd gu bith-bhuantachd *is* tusa Dia.

3 Tionndaidhidh tu an duine gu sgrios; agus their thu, Pillibh, a chlann nan daoine.

4 Oir *a ta* mìle bliadhna ann ad shealladhsa, mar an là'n dé 'n uair a théid e seachad, agus *mar* fhaire anns an oidhche.

5 Dh'fhuadaich thu iad, mar le sruth; *mar* chodal tha iad: anns a' mhaduinn *tha iad* mar fheur *a* dh'fhàsas suas.

6 Air maduinn thig e f'o bhlàth, agus fàsaidh e suas; air feasgar gearrar sìos e, agus seargaidh e.

7 Oir tha sinn air ar caitheadh le d' fheirg, agus le d' chorruich tha sinn air ar claoidh.

8 Chuir thu ar n-euceartan a'd' fhianuis, ar *peacanna* dìomhair ann an solus do ghnùise.

9 Oir tha ar làithean air teireachduinn ann ad fheirg: chaith sinn ar bliadhnacha mar sgeul a dh'innseadh.

10 *Tha* làithean ar bliadhnacha 'n an tri fichead bliadhna agus a deich; agus le tuilleadh neirt ma *bhios* ceithir fichead ann, *is* saothair agus doilgheas an spionnadh: oir gearrar as e gu grad, agus siubhlaidh sinn.

11 Cò d'an aithne neart t'fheirge, agus a réir t'eagail do chorruich?

12 Teagaisg dhuinn mar so ar làithean àireamh, chum gu'n socraich sinn *ar* cridhe air gliocas.

13 Pill a Thighearna; cia fhad? agus gabh aithreachas a thaobh do sheirbhiseach.

14 Sàsuich sinn gu moch le d' thròcair, a chum gu'n dean sinn gairdeachas agus aoibhneas re ar làithean uile.

15 Dean aoibhneach sinn a réir nan là *air* an do chràidh thu sinn, nam bliadhna *anns* am faca sinn olc.

16 Faicear t'obair le d' sheirbhisich, agus do ghlòir le 'n cloinn.

17 Agus biodh maise an Tighearn ar Dé oirnn; agus daingnich thusa obair ar làmh dhuinn; seadh, daingnich obair ar làmh.

London: The Religious Tract Society,
56 Paternoster Row, 65 St. Paul's Churchyard, 164 Piccadilly.
MANCHESTER: CORPORATION STREET. BRIGHTON: WESTERN ROAD.
[*Price* 3*s. per* 100.]